

R A N N

NO DHA AIR AN

OLLAMH SEORAS MAC AOIDH,

BHA ANNS AN EGLAIS THUADH, INBHIRNIS,

LE

H UISTEAN FRIOSAIL.

I.

NA 'M bithinn na 'm bhàrd dheanainn dàn
 Rann no dhà an briathraibh,
 Air an Teachdair rima n' ur fàgail
 Air an t' Sàbaid naonlha.
 Thugadh uainn e 's ghabhadh suas e
 Gu sùaimneas tha neo-cinnochnict,
 'Seinn 's a molladh cliù na folla
 Shaor e às gach deùchainn.

II.

Bha e cor 's da-fhichead bliadhna
 'S an Eaglais Thuadh gun fhàillin,
 'Molladh Chrìosd do na h-uill'
 Mar Shagart, Rìgh, 's mar Fhaidh ;
 Ag inns' do 'n t' shuagh an càll 's an cunnart
 N'an deanadh iad tàr air ;
 "Cha tig an là theid sibhse às
 Mur gabh sibh ris an t'slaint'."

III.

Bu shàr dhuine-uasal anns gach buadh
 An t'Ollamh mòr Mac Aoidh,
 Mòdhail, oilcaneach, 's ro-bheùsach,
 Anns gach ceùm 's na gnìomhra ;
 Na lth 's na òl cho glann ri Pòl,
 'S tha sin mòr da rìreadh,
 Cheart cho frinnceach ri focal
 A chaidh riamh a sgrìobhadh.

IV.

Ann na èideadh bha e gun smal
 O bhrògan gus a chòta,
 Le lèine gheal do 'n anart ghlan
 Mar chanach anns a mhointich ;
 Mar chrànn-ubhal anns a choille,
 Bha e riamh cho boidheach,
 Ri leannamh cìch na uan dcòdhail
 Riamh o'n rugadh òg e.

V.

Guth an Turtur bh' aig da rircadh
 Bha e binn ra chluinntinn,
 Cheart cho ceolnhor ris an smeòraich,
 'S fhuaim mar ghling an airgeid ;
 Cha robh caisdich air no cnatan,
 Tombaca cha b'fhiach leis,
 Fiù smugaid cha'n fhaclda duinne,
 'S e bha glan an Crìosdaidh.

*Not in
 Vol XXVIII
 T.G.S.I.*

VI.

Bha na h'uile ni deadh-anhaiseach
 Agus a reir ordugh,
 Beurla 's Gaclic aig cho deiseil
 'S na h'uile focal comhnard ;
 Briathraibh ciallach air an taghadh
 Gu bhi teagasg còlais,
 Chronaich, dh'earalaich as spreig e,
 Anns gach ni bu chòr dha.

VII.

Cha d' chuir e riamh sìos am foghlum
 Dh' àrdaich e gu mòr e,
 Cò a thogadh teampul Sholamh
 Ach luchd-ceirde scòlta ?
 Dhoibhsan bha glie ann an eridhe
 Thugadh tuilleadh còlais,
 Spiorad a ghliocais anns gach ni,
 Bha ri dheanadh òirdheire.

VIII.

'S ann da thigeadh dhol do'n chrannaig,
 Air maidne na Sàbaid,
 Gheibhadh na h' uain naidh am bainne,
 'S na caoraich biadh làidir ;



Smior a chruithneachd air dheadh fhasgnadh,
 'S mìl o thìr Chanàin,
 An tì bha tartmhor thugadh deoch dha
 'S na bha ocrach shàsùich.

IX.

Gheibheadh am P'harisach a sgùirsadh
 Agus am fìar-chràbhach,
 " Craiceann caora air a ghòbhair,
 Cha d'fhag nì na bearrì ;
 Bha a nàdur mar bha e roimhe
 Ged a bha a chloimh oir'
 'S mòr gum bearrì i anns na creagan,
 Far an d'fhuair i h' àrach."

X.

Ach mar Shoisgeulach, 's mar Chriosduidh,
 Chaidh air ais gu Adh' amh,
 Mur mheal Nathair e gu peacadh
 Air tùs anns a ghàradh ;
 " Thuit sinn uill', 's gu bheil a bhuil oirinn,
 Oir mharbh Cain Abh' ~~Abel~~
 Cloinn na feirge 'th' umainn uille,
 Mar thainig sinn o Adhamh."

XI.

Ach o Adhamh chaidh e air ais,
 Mu'n robh ann na saoghail,
 " Dealbh an Athair gliocas eug-samhail,
 Is na ghradh tha siorruidh ;
 'S rinn Dia am Mac fìgheadh a mach
 Ann am beart na daonachd,
 Dlùth no inneach cha do bhriseadh,
 Gus an robh e crìochnicht."

XII.

" 'S iomadh iobairt bheir a tairgeadh
 O'n thòisich an saoghal,
 B' e Criosd an iobairt is an àltair,
 Is an Sagart Rìoghail ;
 'N iobart thaitinn ris an Athair,
 'S cha b' e crodh no caoraich,
 Cha dean nì 's lugh' no Dia am Mac,
 Slainte shìorruidh fhaotinn."

XIII.

Ann an fhìreantachd ghabh e fois,
 “ Bha Ceartas làn riaraidht,
 An Lagh air ardaichadh le urram,
 Le Tighearn' an Lagh ga lionadh ;
 Dìoladh ghabh e air a pheacadh,
 'S am peacach leig fo sgaoil e,
 Le Dia an t' Athair am Breitheamh ceart ;
 Cò a nis a dhíteas ? ”

XIV.

Air a Chreideamh bha e soilleir,
 “ Cinnteach 's obair Dhe e,
 'S e gnìomh an annam fheim bhi creidsinn,
 Oir 's e orduigh Dhe e.
 'S mar dean creidsinn sin am peacadh,
 'S mo chiontaich riamh thu,
 'S bheir thu sìos gu grunnid an t' sluice,
 Le guil 's giosgan fhìodal.”

XV.

Air saot ghràs bha e leinnadh,
 B' e a thlachd 's a mhìan e,
 “ Deadh-ghion Dhe do 'n ti neo-airidh,
 Mar sin a fhuair e fheim e ;
 Iacoib, Abel, agus Abram,
 Thuair am fàbhor ecùda,
 Riamh na chaidh 's na theid a thearnadh,
 'S ann 'o dheadh-ghèan Dhe e.”

XVI.

'S ann an sud bha 'n saighdear tapaidh
 Ro-mhaith' thigcadh arm air,
 Claidheamh da-fhaobhar 's e ro-ghèur,
 Ge b' e taobh a thairneadh ;
 S le ghunna mòr air dheadh ghleusadh,
 'S tric a leig e darrarach,
 Ri luchd nan organaibh 's nan laoidh'
 "Thrèig na Saim aig Daibhidh.